6.c
H. M. 140.
Very Scarce
not in Lyle Cat.



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

CAISMEACHD

DO SHLUAGH NA GAELTACHD

MU CHOR NA H-EAGLAIS.

ANN AN DA DHAN.

LE

CARAID DO SHAORSA AIMSEIREIL AGUS SPIORADAIL A LUCHD DUCHADH.

ABERFEALLAIDH:
CLO-BHUAILTE LE DONNACH CAM'RON.
1842.

PRIS AON SGILLINN.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

CAISMEACHD
DO 'SHLUAGH NA GAELTACHD
MU CHOR NA H-EAGLAIS.

DAN I.

Air fonn "Mort Glinn-comhunn."

'S iumadh dochann is fasuchd,
Thug lagh donadh a "*Phatronaige*" uaith';
'S iumadh sgireachd sa Ghaelteachd,
A tha 'n diugh leis an caramh gle thruagh:
'N aite Aoidhearain aluinn,
A seirm soisgeul na slaint' dhoibh na'n cluais,
Tha cuid annt' mar Bhalaam,
Rachadh 'n aghaidh na h'aithn' airson duais.

A'n cualadh sibhse an seanachas
Tha air aithris feadh Alba gu leir,
Mu chuis sgir' Uachdarardair,
Bhagair diubhail is call air a Chleir:
'Nuair a dhiultadh o'n "*Phatron*"
An Ceanniuil bha gu'n sta'm beachd an treud,
Chuir sud diomadh air Satan,
'S chaidh chuid innleachd gun dail chur air ghleus.

Chaidh "*Kinnoul*" (oir se'm Patron),
'S Maistir Og nach d'fhuair fabhor o'n t-shluagh,
Dh'iunnsaidh Chuirtean na Rioghachd,
Mach o'n d'fhuair iad Digrighte bha cruaidh,
'N aghaidh ughd'ras na h-Eaglais,
Nach deach riamh chur an teagamh aon uair;
Fhuaras binne neo-fhreg'rach
Chuir oirnn iomgain nach beag o na chual'.

Dh'innsinn nis mar a tha sinn,
Air ar roinn n'ar da phairti san uair;
Tha dream anu a tha 'gradh ruinn
Gu'r he 'n lagh th'aig a Phatron bheir buaidh,
'S gu'r coir striochdadh gun dail leinn,
Is gach riaghailt a thar sinn chuir uainn,
Agus diadhaichd an ail so,
Thoirt gu riaghladh 's gu caramh dhaoin' uails!

Tha mi meallta gun teagamh,
Mar iad sin an luchd teagaisg gun iul,
'N dream gun eolas gun eagal,
A bh'aig Pol is aig Peadar na 'n suil;
'S ged nach coir dhuinne breth thoirt,
Air aon doigh bhiodh neo-sheirceil sa chuis,
'S beag a bfheirde ar 'n Eaglais,
Fhad sa b'eadsa bu treis innt' co-dhiu.

Ach tha Phairti an ceart uair,
Is lionmhoir 's is neartmhoir do 'n chleir,
Aig cunnart maoin, agus pearsa,
Agus cliu, deanamh seasamh ro threun,
Dh' fhench a muthar na reachdan
Tha cur chuibhreach neo-cheart orra fein,
'Sa tha dunadh gach geata
Air Cinniuil reir am beachd thoirt do 'n treud.

Tha nis iarrtuis ga'n deasach,
'S leis na ciaduibh ga'n greasadh gu luath—
Dh'iunnsaidh Parlamaid Bhreatuinn,
As gach cearn sa'n taobh deas, 'sa 'n taobh tuath ;
'G iarruidh chuisean a leasach,
O'n se'n curam 's an dleas'nas gu buan,
Nach bi Cuirtean mi-cheaduicht',
Gabhail stiuraidh an Eaglais an Uain.

Sibhse chur ar lamh scriobhaidh,
Ri'r 'n achuingibh tiomail san am,
Choidh na biodh e ri inns' oirbh,
Gun do theich sibh le mi-chliu o'n camb ;
Oir ma sheasas sibh dileas,
Gu latha ur chriche na'r rang,
Cha n'eil Haman sa'n Rioghachd,
Nach d'thig fhathast le cis duibh na laimh.

'S gu ma slan, 's gu ma subhach,
Nis 's gu brath dhuibh a bhuidhinn mo ghaoil,
Bith mo lamh leibh 's mo chridhe,
Ann 's gach aite 's am bi mi ri'm shaogh'l ;
'S ged robh 'n cain' oirbh is duighe,
Leis a phairti tha guidhe bhur daors',
O'n se 'n t-Ard Righ am britheamh,
Theid a chairdean gu dligheach chur saor.

Th' air leam gu'm bheil ann sa ghluasad,
A tha 'n drasda cur luaineas na'r measg,
Guth a labhairt o shuas ruinn,
" Bithibh faircail tha buaireadh a teachd,
'S theid bhur dearabhadh ri luathas,
Chum gu faicear cia 's luachmhoir na'r meas,
Aoidh an t-shaoigh'l is cliu uachdrain,
No an Soisgeul 's gach buaidh tha dol leis."

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

'S ciod a their sinn, mo thruaighe'—
  Ma tha aireamh do 'n t-shluagh ann ar tir,
'N deigh gach rabhadh a fhuair iad,
  Theid mar thraillibh le'n nachdrain gu cli;
Thigeadh dhoibhsan bhi smuaineach,
  Nach bi e gu'm buananchd no 'n sith,
'N coguis fein a bhi 'n gruaim riu,
  Ged gheibh 'n Eaglais a bhuaidh as an di.

AN

DARA PAIRT DO "CHAISMEACHD."

Air fonn "Coire-cheithich."—M'Intyre.

Tha sgeuladh sonraicht' ga innse dhomhsa,
'S gur e mo bhron' bhi ga fhaotuinn fior;
Cha cliu do 'n ait 'e san d'fhuair mi m'arach,
'S cha mhor nach nar leam an dan chur sios;
Gur beag a shaoil'eam gu robh ri fhaotuinn,
A liuthad aon bha cho faoin mu 'n ni,
Sa dhiultadh 'n lamh chuir ri iarrtus ('s each ris),
Bha sirreadh "Phatronage" thoirt fuidh chis.

Si cheist a shonnruichinn nis do'n t'sheors' ud,
Sa'n coguis feoraiche dhiubh gu'n dail,
"Ne gaol do'n fhirinn 's do'n t'shoisgeul phriseil—
O'n d'fhuair iad milseachd is briogh da'n cail—
A thug dhoibh smuaineach, sa rinn an gluasad
Gu tiondadh uainne an uair air cais?
No ne (mar's dualaich) a chionn gur tuath iad,
Air eagal gruaim chur air *Fear a mhail?*"

'S na gabhaibh gruaim rium a chionn' bhi luaidh ribh,
Gun chur sibh smuairean air neach na dha;
Tha ni tha uainne gle mhor gu'r buanndachds',
—Is O grad smuainichibh sin ma thra—
Oir se tha dhi oirn, mar rinn sinn inuse,
Gu 'm biodh 's gach sgireachd san tir gu leir
Luchd teagaisg dileas, fo bhuaidh na firinn
Is Cuirtean Siobhailt nan dion do'n Chleir.

Tha umhlachd shaogh'lta do riaghailt dhaoine
Ro cheart ri fhaoghlum 's thoirt daonan uainn;
Reir reachd na firinn do 'n uachd'ran shiobhailt
Is coir dhuinn striochdadh le cis gach uair—
Ach uachd'ran shaogh'lta bhi riaghladh aodhraidh,
'S toirt coguis dhaoine fuidh dhaorsa chruaidh,
Cha d'iarr Righ Shioin air fad a phiobuil
'S gach neach a ni e sann cli tha ghluas'd.

Tha seorsa dhaoine 's gach ait' ri fhaotuinn,
A gheibh sinn daonan a null sa nall
Ged robh an drasd' iad an aghaidh "Phatroin,"
Bith rithis sga orr' a fhabhor 'chall;
An dream mheath-bhla' ud is taic gun sta iad
Nach fhiu gu brath carbs' an cas na'n cruas,
'S ma 's tuath no Cleir iad—air falbh gu leir leo,
Cho fhad 's is leir dhomh 's mo 'm feum iad uainn.

Ach siobse chairdean a chreid an t' Ard Righ,
Tha 'gradh gur call e dhoibh air gach achd,
Gach neach san t shaoghal do 'n chinne-daoine
Nach seasamh aobhar le gaol is tlachd—
Ged gheibh sibh mi-chliu airson ur dilseachd,
Cha 'n fhagar shios sibh tha 'n Righ n'ur taic;
'S nuair thig a thioms' airson cobhair Shioin,
Thig sloigh gach Rioghach gun stri fa smachd.

Tha cuid an duil nis an tam sin dlu oirn,
'S tha iumadh urnuigh ga 'n cur na lath'r
Air son gun luathaich E 'tam gu buadhmhor,
San d'thig E 'nuas measg gach sluaigh le ghras,
Sa 's comhar' aigh e nach fheadar aicheun,
Gu'm bheil sa 'n la so 'n ium' ait' ma 'n cuairt,
An sluagh a geillcadh is cuid dhiubh 'g eigheach,
O ciod ni feum dhuinn?—Gabh Dhe dhinn truas.

Is co, sa chiall aig, ma 's og na liath e,
Leis nach bu mhiannach gu 'm faiceadh' shuil,
Na laithean gloirmhor, san d'thig a mor shluagh
Fo bhuaidh 's fo threoir'ach an Spioraid inil;
Be'n sealladh aghmhor an communn gradhach,
A chitht' sgach aite le failt is stuaim,
Gun chain' gun chul-chaint air neach nar duthaich,
'S gach aon na ghiulan gu fiughail suairc.

Ach gu codhunadh,—a chlann a chumhaint,
O cleachduibh durachd aig caithir grais,
Tha neul gle dhudhorch ma 'n aire a dunadh,
'S tha naimhdean dulanach gu cuir fas;
Tha uachdrain shiobhailt, is Cleir mhi-dhileas,
Gun sgaoinn da fhirinn an Ti as Aird,
Cur Lagh na tire os ceann a phiobuil,
So sgeul a dhinnseas dhuibh Sgir' na dha.